

GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID 20mh dhen DÙBHLACHD 2020

Tha faclan an aingeil do Mhoire a' taisbeanadh an dòchais seo: "Tha an Tighearna còmhla riut" (Lùcas 1: 28). 'S e teachdaireachd shoilleir a tha seo, "Tha an Tighearna còmhla riut."

A dh'aindeoin sin, bha Moire "fo dhragh mòr air sgàth an fhacail aige" nuair a dh'fheuch i ris an teachdaireachd seo a thuigsinn. B'e teachdaireachd an aingeil gur ise an tè a bheireas an Crìosd a-steach dhan t-saoghal, agus on a sin chuir i ceist air: "Ciamar as urrainn seo a bhith, on as e òigh a th' annamsa?" Agus fhreagair an t-aingeal i, a' bruidhinn mu ghealladh an Spioraid, agus ghabh Moire ris leis na facail seo:

"Seall, is mise searbhanta an Tighearna; bhiodh e dèanta riumsa a rèir d' fhacail." Tha coltas ann gun do thug Moire na ciad facail a labhair an t-aingeal rithe: "Tha an Tighearna còmhla riut."

Fhad 's a theannas an Nollaig oirnn dlùth, tha ar smuaintean air na dùbhlannan a tha romainn agus ro na coimhearsnachdan againn. Agus le seo, tha sinn uile ag iarraidh cofhurtachd a' gheallaidh seo: "Tha an Tighearna còmhla riut." Tha Dia a' labhairt nam facal seo rinn fhèin, a-measg duilgheadasan na bliadhna, ri gach neach againn. Tha Dia còmhla rinn an da-rìribh, agus tha cuireadh againn dòchas fhaighinn sa Chrìosd a tha ri thighinn.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Thighearna, bi faisg oirnn,
agus air gach aon air a bheil miann airson d' Fhacail fhèin.
Tha sinn a' toirt taing dhut airson gealladh na Nollaige,
a choilean le breith ìosa.

Deònaich gun gabh sinn ris a' gheallaidh, agus gun gabh sinn pàirt ann an dòchas a' gheallaidh.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, bi faisg oirnn,
agus air gach aon air a bheil miann airson d' Fhacail fhèin.

Tha sinn ag ùrnaigh airson na feadhna a tha aonranach agus fo dhragh;
airson na feadhna a tha fo iomgain agus eagal.

Bi faisg orra mar a tha thu faisg oirnn.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, bi faisg oirnn,
agus air gach aon air a bheil miann airson d' Fhacail fhèin.
Tha sinn ag ùrnaigh airson ar teaghlaich, ar coimhearsnachdan
agus ar Dùthcha.
Glèidh sinn an-diugh,
agus deònaich dhuinn neart ùr a-màireach.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna, bi faisg oirnn,
agus air gach aon air a bheil miann airson d' Fhacail fhèin.
Tha sinn a' toirt taing dhut, oir tha thu maille rinn anns gach càs.
Tha sinn a' gabhail as ùr ris a' gheallaidh a thug thu dhuinn ann am breith Ìosa.
Deònaich dhuinn solas Chrìosda anns an dorchadas, agus dòchas air feadh an t-
saoghail.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

- An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba
- Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann
- Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean, Eaglais Easbaigeach na h-Alba
- An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba
- An t-Urramach Lindsey Sanderson, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)
- An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba
- An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam Methodach (Alba)
- An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an Alba
- Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

- Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)
- An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich
- Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais Chrìosdal air Saoradh le Dia
- Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla ann an Alba (MECTIS)
- An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)